

## Tabhartasan Cùrsaichean Bogaidh Gàidhlig do Luchd-obrach Foghlaim 2024/25: Stiùireadh

### Gaelic Immersion Course Grants for Education Practitioners 2024/25: Guidance

#### Mu dheidhinn na Maoine

Tha Bòrd na Gàidhlig a' tabhann chothroman taic-airgid do dh'ùghdarrasan ionadail gus taic a chumail ri tidsearan teisteanachta, no luchd-obrach tràth-bhliadhnaichean a tha iad a' fastadh, gus gluasad a-steach do dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Ann an co-bhanntachd le Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean agus Oilthigh Ghlaschu, thathar a' toirt cuireadh do dh'ùghdarrasan ionadail gus tagraichean iomchaidh a mholadh aig a bheil ùidh ann a bhith a' dèanamh cùrsa bogaidh Gàidhlig fad bliadhna gus an urrainn dhaibh gluasad a-steach do theagasg ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Faodaidh ùghdarrasan ionadail iarrtas a chur a-steach airson maoinachadh airson suas ri trì ùir thidsearan teisteanachta no luchd-obrach tràth-ìrean is cùraim-chloinne teisteanachta a tha iad air fhastadh, gus cothrom a thabhann dhaibh cùrsa bogaidh Gàidhlig a dhèanamh gus an urrainn dhaibh teagasg ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtMG) no Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne tro Mheadhan na Gàidhlig (TCtMG) às dèidh dhaibh an cùrsa a choileanadh.

'S e buidseat an sgeama gu h-iomlan £150,000, le suas ri £50,000 ri fhaighinn do gach tidsear/neach-obrach tràth-ìrean FTE.

#### Mìneachaidhean

- "FtMG" – a' ciallachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Thoiribh fa-near **nach eil** seo a' gabhail a-steach Foghlam do luchd-ionnsachaidh.
- "TCtMG" – a' ciallachadh Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne tro Mheadhan na Gàidhlig.
- "CLAG" – a' ciallachadh Comasan Labhairt ann an Gàidhlig, sgèile air ullachadh a rèir Frèam-ionnsachaidh Coitcheann Eòrpach airson Chànanan (CEFR) airson comasan labhairt Gàidhlig a thomhas.
- "FTE" – co-ionann ri làn-thìde
- "Tagraiche" – Tidsear no neach-obrach tràth-ìrean a tha ga chur air adhart le ùghdarras ionadail airson cùrsa bogaidh Gàidhlig

#### About the Fund

Bòrd na Gàidhlig are offering funding opportunities for Local Authorities to support qualified teachers or early-years practitioners that they employ to move into Gaelic-medium Education.

In conjunction with the University of the Highlands and Islands and the University of Glasgow, local authorities are invited to put forward suitable candidates who are interested in participating in a year-long Gaelic immersion course to enable them to move into teaching in Gaelic Medium Education.

Local authorities may apply for funding on behalf of up to three qualified teachers or ELC practitioners they employ to provide them with the opportunity to undertake a Gaelic immersion course, so that they can go on to teach in GME or GMELC after completion of the course.

The budget of the fund is £150,000 in total, with up to £50,000 available per FTE teacher or practitioner.

#### Definitions

- "GME" – means Gaelic-medium education. Please note this does **not** include Gaelic learners education.
- "GMELC" – means Gaelic-medium Early Learning and Childcare.
- "CLAG" – means Comasan Labhairt ann an Gàidhlig, a scale developed in line with the CEFR (Common European Framework for Reference for Languages) to gauge Gaelic speaking ability.
- "FTE" – Full-time equivalent
- "Candidate" – A teacher or early-years practitioner who is put forward by the local authority for a Gaelic-immersion course

## Cùrsaichean bogaidh a tha ion-roghnach

### OGE – An Cùrsa Comais ([Tuilleadh fiosrachaidh](#))

'S e cùrsa Gàidhlig dian agus eadar-ghnìomhach a th' anns a' Chùrsa Comais airson luchd-ionnsachaidh aig ìre eadar-mheadhanach a tha ag amas air fileantachd sa chànan. Tha an cuideam as motha ga chur air sgilean cànan, an dà chuid labhairt agus sgrìobhadh, ach tha cuspairean eile air an toirt a-steach tron chùrsa.

Gabhaidh an cùrsa a choileanadh làn-thìde tro UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall ann an Steòrnabhagh no Sabhal Mòr Ostaig ann an Slèite, An t-Eilean Sgitheanach.

### OGE – Gàidhlig is Conaltradh ([Tuilleadh fiosrachaidh](#))

'S e Gàidhlig is Conaltradh cùrsa airson luchd-ionnsachaidh aig ìre adhartach a tha ag amas air fileantachd sa chànan. Tha e a' gabhail a-steach sreath de chuspairean farsaing sa chànan is tha e a' cur fòcas air leasachadh sgilean leughaidh is sgrìobhaidh. Tha an cùrsa seo fosgailte do dhaoine le sgilean Gàidhlig a tha air ìre B2 no nas àirde a ruighinn air sgèile CLAG.

Gabhaidh an cùrsa a choileanadh làn-thìde tro UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall no Sabhal Mòr Ostaig. Tha cothrom ann gun tèid an cùrsa a libhrigeadh pàirt-ùine agus aig astar, a rèir nan àireamhan a tha gan clàradh air a shon.

### Oilthigh Ghlaschu -Teisteanas Gàidhlig le Bogadh ([Tuilleadh fiosrachaidh](#))

Tha an Teisteanas Foghlaim Àrd-ìre làn-thìde seo a' toirt cothrom dhuibh sgilean Gàidhlig a thogail aig àrd-ìre, a bharrachd air eòlas agus tuigse fharsaing fhaighinn air cànan, cultar is litreachas na Gàidhlig, tro bhogadh sa Ghàidhlig aig àrd-ìre. Tha am prògram seo dòigheil airson luchd-ionnsachaidh inbheach agus proifeiseantaich foghlaim a tha airson am fileantachd sa Ghàidhlig a thoirt air adhart.

Tha an cùrsa seo fosgailte do dhaoine le sgilean Gàidhlig a tha air ìre B1 no nas àirde a ruighinn air sgèile CLAG.

## Eligible immersion courses

### UHI – An Cùrsa Comais ([Further information](#))

An Cùrsa Comais is an intensive and interactive Gaelic language course for intermediate-level learners aiming for fluency in the language. The major focus is on language skills, both speaking and writing, but other subjects are introduced as the course progresses.

The course is available to undertake full-time via UHI North, West and Outer Hebrides in Stornoway or Sabhal Mòr Ostaig in Sleat, Isle of Skye.

### UHI – Gaelic and Communication ([Further information](#))

Gaelic and Communication is a course for advanced-level learners aiming for fluency in the language, covering a wide range of topics in the language and enhancing reading and writing skills. This course is open to those that have Gaelic skills of B2 or higher on the CLAG scale.

The course is available to undertake full-time via UHI North, West and Outer Hebrides or Sabhal Mòr Ostaig. It may also be possible for the course to be delivered part-time and via distance learning, dependant on course enrolment numbers.

### University of Glasgow – Gaelic with Immersion Cert ([Further information](#))

This full-time Certificate of Higher Education course allows you to develop advanced Gaelic language skills, as well as acquire in-depth knowledge and understanding of Scottish Gaelic language, culture and literature through advanced level Gaelic language immersion. This programme is ideal for adult learners and education professionals who want to develop their fluency in Gaelic.

This course is open to those that have Gaelic skills of B1 or higher on the CLAG scale.

## Riaghailtean na maoinne

### Cò dh'fhaodas an t-iarrtas a chur a-steach?

Tha an sgeama fosgailte do dh'ùghdarrasan ionadail ann an Alba a tha airson tidsearan no luchd-obrach tràth-bhliadhnaichean is cùram-cloinne a tha fastaichte aca a chlàradh airson cùrsa bogaidh Gàidhlig leis an amas gun cuirear ris na seirbheisean airson foghlam tron Ghàidhlig aca. Feumar iarrtasan a chur a-steach leis an ùghdarras ionadail seach le daoine fa leth, is mar sin bu chòir do dh'oifigearan an ùghdarras ionadail is tidsearan a bhith ann an conaltradh a thaobh cothrom iarrtas a chur a-steach.

Feumaidh tagraichean a tha gan clàradh air cùrsa feumalachdan a' chùrsa a choileanadh, mar a chaidh a chur sìos leis a' cholaiste/oilthigh, agus is tric gum bi seo a' gabhail a-steach ìre as lugha de chomas ann an Gàidhlig (a dh' fhaodadh a bhith air a mhìneachadh a rèir sgèile CLAG – [tuilleadh fiosrachaidh ri fhaighinn an seo](#)). Thoiribh fa-near nach bi tagraiche ion-roghnach ma tha iad air gin de na cùrsaichean ion-roghnach a ghabhail a-cheana.

Chan fheumar ach aon foirm-tagraidh airson gach ùghdarras ionadail, is bu chòir do dh'ùghdarrasan ionadail co-òrdanachadh le oifigearan iomchaidh, ceannardan-sgoile is tidsearan airson an t-iarrtas a leasachadh.

### Clàr-ama

Bheir an sgeama taic do thagraichean airson clàradh air cùrsa bogaidh Gàidhlig làn-thìde a bhios air a lìbhrigeadh agus air a làn choileanadh eadar 1 Lùnastal 2024 agus 31 Iuchar 2025, no cùrsa bogaidh Gàidhlig pàirt-thìde a bhios air a lìbhrigeadh agus air a làn choileanadh eadar 1 Lùnastal 2024 agus 31 Iuchar 2026.

Bu chòir iarrtasan a bhith air an cur a-steach ro **3f air Dimàirt 26 Màrt 2024**. Cha ghabhar ri iarrtasan a tha fadalach.

Thathar an dùil gum bi co-dhùnadh ann air na h-iarrtasan sa Chèitean 2024.

'S ann air ùghdarrasan agus/no tagraichean a tha an t-uallach airson iarrtas a chur a-steach don cholaiste/oilthigh iomchaidh airson àite a ghlèidheadh air a' chùrsa bhogaidh Gàidhlig a thagh iad, taobh a-staigh nan clàran-ama a tha ann air an son, agus bu chòir dhaibh iarrtasan a chur a-steach mus bi co-dhùnadh air an iarrtas taic-airgid aca far an gabh sin dèanamh.

## Fund rules

### Who can make the application?

The fund is open to all local authorities in Scotland to place teachers or ELC practitioners that they employ on a Gaelic immersion course to help extend Gaelic-medium education provision. Applications must be submitted by the local authority rather than by individuals, and therefore there should be engagement between local authority staff and teachers regarding the opportunity to apply through the scheme.

Candidates enrolling on a course must meet all necessary requirements for enrollment on the course as set by the college/university, which typically includes a minimum level of existing Gaelic ability (which may be defined by the CLAG scale – [further information available here](#)). Please note a candidate is ineligible if they have previously undertaken any of the eligible courses.

Only one application form will be required per local authority, and local authorities should co-ordinate with relevant officers, head teachers and teachers to arrange for the application to be developed.

### Timeframe

The fund will support candidates to enrol upon full-time Gaelic-immersion courses which will take place and be fully completed between 1 August 2024 and 31 July 2025, or part-time Gaelic immersion courses which will take place and be fully completed between 1 August 2024 and 31 July 2026.

Applications should be submitted by **3pm on Tuesday 26 March 2024** for consideration. Late applications **will not** be accepted.

A decision on the outcome of the application should be expected in May 2024.

Authorities and/or candidates are responsible for applying to the relevant college/university for a place on their chosen Gaelic immersion course within their specified timeframes and should make applications in advance of receiving an outcome of their funding application where possible.

## Ìrean maoinachaidh

'S e £150,000 am buidseat ris a bheilear an dùil airson an sgeama seo. Faodar iarrtas a chur a-steach airson suas ri **£50,000** gach tidsear/neach-obrach tràth-ìrean agus cha toir Bòrd na Gàidhlig taic ri **barrachd na 80% de na cosgaisean iomlan**.

Ma tha tagraiche ag obair pàirt-ùine, thèid an t-sùm as àirde de thaic-airgid a lùghdachadh pro-rata (m.e. ma tha tagraiche ag obair aig ìre 0.8 FTE, bidh iad ion-roghnach air taic-airgid suas gu £40,000 aig a' char as àirde).

Bu chòir dhuibh dearbhadh san iarrtas agaibh dè an ìre de mhaoineachaidh co-ionann (an dàrna cuid neo-ionmhasail agus/no airgid) a thathar an dùil a chuirear ris a' phròiseact.

Tha taic ri faighinn bhon mhaoin airson chosgaisean mar thaic ri teagasg solarachaidh a chur an àite tagraiche air cùrsa bogaidh Gàidhlig, cosgaisean àite-fuirich no siubhal agus cosgaisean cìsean a' chùrsa. Tha cosgaisean iomchaidh eile ceadaichte is bu chòir seo a bhith air an cur an cèill san iarrtas.

Thoiribh fa-near gu bheil na sùimeannan maoinachaidh airson tagraichean a tha a' dol air cùrsaichean làn-thìde is pàirt-thìde co-ionann ri chèile, ach gum bi profaidhle pàighidh airson neach air cùrsa pàirt-ùine a' sìneadh thairis air dà bhliadhna.

## Fiachanas airson maoinachadh a phàigheadh air ais

Ma shoirbhicheas le iarrtas agus ma thèid taic-airgid a thabhann, bidh ùghdarras ionadail fo fhiachanas pàirt den mhaoineachadh no am maoinachadh gu lèir a phàigheadh air ais mura coilean an tagraiche an cùrsa gu soirbheachail no mura tèid iad a-steach gu teagasg FtMG/TCtMG san Lùnastal 2025.

Mura clàraich an tagraiche no mura gabhar ris airson clàradh air a' chùrsa, bidh an t-ùghdarras ionadail fo fhiachanas 100% den tabhartas a chaidh a phàigheadh a thaobh an tagraiche sin a phàigheadh air ais.

Ma chlàraicheas an tagraiche air a' chùrsa ach:

- chan eil iad a' coileanadh a' chùrsa,
- tha iad a' fàiligeadh air a' chùrsa, no
- tha iad a' taghadh gun a dhol a-steach gu teagasg FtMG/TCtMG san Lùnastal 2025 (no Lùnastal 2026 ma tha iad a' gabhail cùrsa pàirt-thìde 2-bhliadhna)

## Funding levels

The estimated budget allocated to this fund is £150,000. Applications may be made for up to a maximum of **£50,000** per candidate and Bòrd na Gàidhlig will provide **no more than 80% of total costs**.

If a candidate is working part-time, the maximum amount of grant will be reduced pro-rata (e.g a candidate working 0.8 FTE will be eligible for a maximum grant of £40,000).

You should confirm your anticipated match funding (either in-kind and/or in cash) as part of the application.

Support is available towards costs in support of providing supply cover in place of a candidate enrolled in a Gaelic immersion course, costs of accommodation or travel and costs for course fees. Reasonable other costs are also allowed and should be detailed in the application.

Please note that the funding amounts for candidates enrolling on full-time or part-time courses are the same, although the payment profile for those enrolling on a part-time course extending over two years.

## Liability to repay funding

If an application is successful and funding is awarded, a local authority will be liable to repay part or all of the funding if the candidate does not successfully complete the course or does not enter GME/GMELC teaching in August 2025.

If the candidate fails to enrol or is not accepted for enrolment on the course, the local authority is liable to repay 100% of the grant paid in respect of that candidate.

If the candidate enrolls on the course but either:

- does not complete the course
- fails the course, or
- chooses not to enter GME/GMELC teaching in August 2025 (or August 2026 if taking a part-time 2-year course)

feumaidh an t-ùghdarras ionadail sùim sam bith den tabhartas a phàigheadh air ais a tha nas àirde na 50% den t-sùim pro-rata den tabhartas a chaidh a phàigheadh a thaobh an tagraiche suas chun na h-ìre far an do stad iad leis a' chùrsa no gun do rinn iad co-dhùnadh gun a bhith dol a-steach gu FtMG/TcMG.

Ma tha an tagraiche, às dèidh dhaibh an cùrsa aca a choileanadh, airson a dhol a-steach gu teagasg FtMG/TcMG ach nach eil an t-ùghdarras a' cur an tagraiche ann an suidheachadh teagasg làn-thìde foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig/tràth-ìrean Gàidhlig, bidh an t-ùghdarras ionadail fo fhiachanas suas ri 100% den tabhartas a chaidh a thoirt seachad a thaobh an tagraiche sin a phàigheadh air ais.

Thoiribh fa-near gum faodadh am fiachanas seo a bhith air ath-sgrùdadh anns an aonta taic-airgid a bheirear do thagraichean soirbheachail.

### A' cur iarrtas a-steach

Bu chòir iarrtas a chur a-steach le ùghdarrasan ionadail tro phortal iarrtasan Fluxx aig [bng.fluxx.io](http://bng.fluxx.io). Faodar cunntas a chruthachadh saor 's an-asgaidh air an làraich-lìn sin is tha e comasach an t-adhartas leis an iarrtas a shàbhaladh fhad 's a thathar ag obair air.

Bidh am foirm-iarrtais ag iarraidh fiosrachadh coitcheann air solar FtMG/TcMG san ùghdarras ionadail an-dràsta is mar a thathar an dùil gum bi clàrachadh thidsearan/luchd-obrach air cùrsaichean bogaidh Gàidhlig a' cur ri FtMG/TcMG.

Tha [foirm fiosrachadh an tagraiche ri fhaighinn ann an cruth Word](#) is feumar seo a bhith air a choileanadh is a shoidhneadh le gach tagraiche is a chur dhan ùghdarras ionadail airson a chur a-steach còmhla ris an iarrtas.

Thèid iarraidh san fhoirm-iarrtais airson briseadh sìos de chosgaisean airson gach tagraiche is cuideachd beachd air far an tèid gach tagraiche a chur ann an dreuchd FtMG/TcMG às dèidh dhaibh an cùrsa a choileanadh. Tha e ceadaichte gu bheil seo a' gabhail a-steach obair solar tro FtMG/TcMG san ùghdarras ionadail.

Dùnaidh portal nan iarrtasan aig **3f air Dimàirt 26 Màrt 2024** agus cha bhi e comasach iarrtas a chur a-steach às dèidh a' chinn-latha sin ach ma fhuaras cead ro-làimh bho oifigearan Bhòrd na Gàidhlig.

the local authority is liable to repay any sum of the grant over and above 50% of the pro-rata amount of the grant paid in respect of the candidate up to the point where they discontinue with the course or choose not to enter GME/GMELC.

If after completing their course a candidate is willing to enter GME/GMELC teaching but the authority fails to place the candidate in a Gaelic-medium education teaching/ELC position, the local authority is liable to repay up to 100% of the grant provided in respect of that candidate.

Please note this liability may be revised in the funding agreement issued to successful applicants.

### Submitting an application

Applications should be submitted by local authorities via our Fluxx application portal at [bng.fluxx.io](http://bng.fluxx.io). An account can be registered for free on the website and it is possible to save the progress of an application whilst working on it.

The application form will request general information about the current provision of GME/GMELC in the local authority and how it is expected that enrolling teachers on Gaelic immersion courses will expand GME/GMELC.

A [candidate information form is available in Word format](#) and must be completed and signed by each candidate and submitted to local authorities to include along with the application.

The application will also request a breakdown of costs for each candidate as well as an indication where each candidate is likely to be placed in GME/GMELC after their completion of the course. It is acceptable for these placements to include supply work within GME/GMELC within the local authority.

The application portal will close at **3pm on Tuesday 26 March 2024** and it will not be possible to submit an application after this date unless permission has been provided prior to the deadline by Bòrd na Gàidhlig officers.

## A' measadh iarrtasan

Às dèidh a' chinn-latha dùnaidh airson iarrtasan a chur a-steach, thèid sgrùdadh a dhèanamh air iarrtasan le oifigearan Bhòrd na Gàidhlig gus dearbhadh gu bheil iad a' leantainn riaghailtean na maoine agus gu bheil iad a' toirt seachad am fiosrachadh a tha a dhìth. Ma thathar den bheachd nach eil an t-iarrtas agaibh ion-roghnach, thèid iarraidh oirbh seo a chur ceart taobh-a-staigh 5 làithean-obrach, no thèid an t-iarrtas agaibh a dhiùltadh.

Ma tha an t-sùm taic-airgid air iarraidh tro na h-iarrtasan nas motha na buidseat an sgeama, thèid iarrtasan agus tagraichean a sgòradh le oifigearan Bhòrd na Gàidhlig a rèir diofar slatan-tomhais stèidhichte air:

- Luach an airgid
- Cothrom fàs a thoirt air FtMG/TCTMG
- Cothrom gealltanasan plana Gàidhlig a choileanadh

Tha fiosrachadh slàn air na slatan-tomhais is pròiseas sgòraidh ri fhaighinn [san Stiùireadh-measaidh againn](#).

Thèid molaidhean a dhèanamh do Sgioba Stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig sa Ghiblean 2024 is, ma tha e riatanach, do Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan aig Bhòrd na Gàidhlig sa Chèitean 2024, is às dèidh seo thèid co-dhùnidhean a mhìneachadh do dh'ùghdarrasan ionadail.

Mur eil sibh riarachaidh leis a' cho-dhùnadh air an iarrtas agaibh, ged nach eil pròiseas ath-thagraidh againn faodaidh sibh gearan a chur a-steach ma tha sibh den bheachd nach deach dèiligeadh ris an iarrtas agaibh a rèir an stiùiridh seo is an stiùiridh-measaidh. Airson tuilleadh fiosrachaidh, [tha ar modhan gus dèiligeadh ri gearanan rim faighinn an seo](#).

## Iarrtasan soirbheachail

Ma thèid gabhail ri iarrtas, thèid litir-tairgse agus aonta taic-airgid a chur chun an ùghdarras tro Docusign cho luath 's a ghabhas le fios air na cumhachan maoineachaidh a th' ann.

Thathar an dùil gum bi ùghdarrasan ionadail a' cur cùmhnan air dòigh leis na tagraichean a tha an sàs a thaobh ullachaidhean airson an cùrsa a ghabhail is airson leantainn le pàighidhean tuarastail is sochairean eile fhad 's a tha iad air a' chùrsa.

## Assessing applications

After the closing date for applications, Bòrd na Gàidhlig officers will then screen applications to ensure they comply with the rules of the fund and have provided necessary information. If your application is deemed ineligible, you will be asked to correct this within 5 working days, or your application will be declined.

If the level of funding requested by all applications is greater than the total budget of the scheme, applications and individual candidates will be scored by Bòrd na Gàidhlig officers based on a variety of criteria based upon:

- Value for money
- Opportunity to expand GME/GMELC
- Potential to implement Gaelic language plan commitments

Full information on the criteria and the scoring process is available [in our Assessment Guidance](#).

Recommendations will be made to Bòrd na Gàidhlig's Senior Management Team in April 2024 and, if necessary, to Bòrd na Gàidhlig's Policy and Resources Committee in May 2024, after which decisions will be communicated to local authorities.

If you are not satisfied with the outcome of your application, while we do not offer an appeal process you may make a complaint if you believe your application has not been dealt with in accordance with this guidance and the assessment guidance. For more information, [our complaints handling procedure is detailed online here](#).

## Successful applications

If an authority's application for funding is successful, a letter of offer and funding agreement shall be issued to the authority via Docusign as soon as possible outlining conditions of the grant.

It is expected that local authorities will contract with the participating candidates regarding arrangements relating to their participation on their course and continuation of salary payments and other benefits while undertaking the course.

Bithear ag iarraidh aithisg adhartais ghoirid san Fhaoilleach 2025 air adhartas nan tidsearan air a'chùrsa agus teachd-a-steach/cosgaisean gu ruige sin.

Bithear ag iarraidh aithisg dheireannach san Lùnastal 2025 a bhios a' toirt iomradh air adhartas deireannach nan tagraichean air na cùrsaichean aca, far a bheil na tagraichean air an suidheachadh ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig/foghlam Gàidhlig tràth-ìrean no cùram-cloinne agus teachd-a-steach/cosgaisean fìor airson gach tagraiche/cùrsa.

Ma tha gin de na tagraichean aig ùghdarras ionadail a' gabhail cùrsa pàirt-thìde, bithear ag iarraidh aithisg adhartais a bharrachd san Fhaoilleach 2026 is aithisg dheireannaich san Lùnastal 2026 a thaobh nan tagraichean seo.

Thèid 40% den tabhartas airson gach tagraiche a phàigheadh dhan ùghdarras ionadail san Lùnastal 2024, le 40% ri phàigheadh às dèidh aithisg adhartais aig letheach slighe tron chùrsa (san Fhaoilleach 2025 airson tagraichean air cùrsa làn-thìde is san Lùnastal 2025 airson tagraichean air cùrsa pàirt-thìde), is an 20% mu dheireadh às dèidh dearbhadh a thoirt seachad gun deach an tagraiche a-steach do FtMG/TcMG a rèir chumhaichean air am mìneachadh san aonta taic-airgid.

Gheibhear teampaidean airson nan aithisgean sa phortal iarrtasan Fluxx às dèidh dhan aonta taic-airgid a bhith air a chur air dòigh.

Ma tha, aig uair sam bith, tagraiche a' tighinn far cùrsa no ma tha ùghdarras a' toirt air falbh cothrom do thidsear a bhith a' teagasg ann am FtMG/TcMG às dèidh dhaibh cùrsa bogaidh Gàidhlig a choileanadh, **feumar** fios a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig **sa bhad**.

## Tuilleadh fiosrachaidh

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun mhaoin seo, cuiribh fios gu Bòrd na Gàidhlig. Ma tha ceistean sam bith agaibh air mar a tha an sgeama ag obair, cuiribh fios gu Sgioba nan Tabhartasan aig [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot). Ma tha ceistean sam bith agaibh a thaobh chùrsaichean no planadh luchd-obrach, cuiribh fios gu Sgioba an Fhoghlaim aig [foghlam@gaidhlig.scot](mailto:foghlam@gaidhlig.scot).

Faodaidh sibh cuideachd sùil a thoirt air [freagairtean ri ceistean cumanta](#) mu dheidhinn a' mhaoineachaidh againn air an làraich-lìn againn.

A progress report will be required in January 2025 detailing progress of teachers on the course and income/expenditure to date.

A final report will be required in August 2025 detailing the final progress of candidates on their courses, where the candidates are placed in Gaelic-medium education/Gaelic early-years education or childcare and actual income/expenditure for all candidates/courses.

If any of the local authority's candidates are taking a part-time course, a further progress report will be required in January 2026 and August 2026 in relation to these candidates.

40% of the funding agreed per candidate will be paid in August 2024, with 40% payable upon the submission of the progress report at the halfway stage of the course (January 2025 for candidates on full-time courses and August 2025 for candidates on part-time courses), with the final 20% payable upon confirmation the candidate has entered into GME/GMELC in accordance with conditions set out in the funding agreement.

Templates for the reports will be made available in the Fluxx application portal upon creation of the funding agreement.

If at any time a candidate discontinues a course or the local authority rescinds its decision to place the teacher in GME/GMELC after completion of the immersion course, Bòrd na Gàidhlig **must** be informed **immediately**.

## More information

For more information about this fund, please contact Bòrd na Gàidhlig. If you have any questions about the operation of the scheme please contact the Grants team at [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot) or any questions regarding courses or workforce planning contact the Education team at [foghlam@gaidhlig.scot](mailto:foghlam@gaidhlig.scot).

You can also find [answers to frequently asked questions](#) about our funding on our website.

Gheibhear fiosrachadh mu [phrìobhaideachd a thaobh ar sgeamaichean maoinachaidh air an làraich-lìn againn](#).

Gheibhear cruthan eadar-dhealaichte den stiùireadh seo is de dh'fhoirmichean-iarrtais ma tha sibh ag iarraidh.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' glèidheadh a' chothruim an stiùireadh seo atharrachadh aig àm sam bith is thèid atharrachaidhean sam bith fhoillseachadh aig <https://www.gaidhlig.scot/gd/maoinachaidh/cothroman-maoinachaidh/tabhartasan-cursaichean-bogaidh-gaidhlig-do-luchd-obrach-foghlaim/>

Privacy information [relating to our funding schemes can be found on our website](#).

Alternative forms of this guidance and application forms can be made available on request.

Bòrd na Gàidhlig reserves the right to amend this guidance at any time and will publish any updates online at <https://www.gaidhlig.scot/en/funding/funding-schemes/gaelic-immersion-courses-for-education-practitioners-grants/>

#### Eachdraidh Tionndadh

1 – Air fhoillseachadh air 15 Faoilleach 2024

#### Version History

1 – Published 15 January 2024